


COIMISEAN NA CROITEARACHD

GEÀRR-CHUNNTAS COINNEAMH A' CHOIMISEIN ANN AN TAIGH A' GHLINNE MHÒIR AIR 8 GEARRAN 2017

An làthair:	Colin Kennedy	Neach-gairm
	IG Macdonald	Iar-Neach-gairm
	David Campbell	Coimiseanair
	Marina Dennis	Coimiseanair
	Murdo MacLennan	Coimiseanair
	James Scott	Coimiseanair
	Malcolm Mathieson	Coimiseanair
	Bill Barron	Àrd-Oifigear
	Donna Smith	Iar-CEO
	David Findlay	Neach-lagha a' Choimisein
	Joseph Kerr	Ceannard Riaghlaidh
	Posy MacRae	Manaidsear Chonaltraidhean
	Jane Thomas	Ceannard C&CS agus Rianaire
	Gordon Jackson	Geàrr-chunntais
		Riaghaltas na h-Alba
	Ball den phoball	BBC
		BBC

1 FÀILTE AGUS LEISGEULAN

Fhuair leigheul mar a leanas:

Thàinig leigheul bho John Toal agus Trudi Sharp. Bha bàs ann an teaghlach a' Choimiseanair Pirie agus chuir e a-steach a leigheul cuideachd. Chuireadh an oifis co-fhaireachdainn às leth a' Bhùird. Bha itealan a' Choimiseanair Sinclair à Sealtainn air atharrachadh gu Obar Dheathain agus mar sin cha b' urrainn dhi a bhith an làthair aig a' Choinneamh.

Chuir an Neach-gairm fàilte air an dithis bhall den Choimisean a bha air an ùr fhadhadh, Mgr Scott agus Mgr Mathieson, chun na ciad choinneimh aca agus thugadh cothrom do Choimiseanair Dennis beagan fhacail a ràdh mu Mhgr Donnie Ross a bha na Choimiseanair agus a fhuair bàs o chionn ghoirid. Labhair an Coimiseanair Dennis às leth a' Choimisein air fad nuair a thuir e gur e fìor charaid do chroitearachd agus do dhualchas Gàidhealach a bh' ann, agus gun robh a bhàs na fìor chall chan ann a-mhàin don choimhearsnachd ionadail aige fhèin air an robh e cho eòlach, ach cuideachd do bheatha croitearachd san fharsaingeachd.

2 FOILLSEACHADH COM-PÀIRT

Chùm an t-Iar-Neach-gairm suas an com-pàirt a bha e air fhoillseachadh ann am Mangarstadh ann an 2012, oir tha ceangal teaghlach aige ri Fionnlagh MacLeòid.

Dh'fhoillsich an Coimiseanair MacIllinnein com-pàirt ann am Mangarstadh air sgàth sgrùdadh làithreach le Coimisean Inbhean na h-Alba.

Dh'fhoillsich an Coimiseanair Dennis com-pàirt ann am Both Fhionndain mar thoradh air ceangal teaghlaich le neach aig an robh earrannan san fhearann ionaltraidh. Dh'fhaighnich an Coimiseanair Caimbeul an robh strì eadar com-pàirt aige air adhbhrachadh le conaltraidhean a fhuair bho luchd-lagha Mhgr Kennedy a dh'fhaodadh gnìomh laghail a bhagairt an aghaidh a' Bhùird. Dh'fhoillsich an Neach-gairm com-pàirt agus dh'fhàg e an seòmar aig an ìre seo.(10:30). Dh'aontaich Coimiseanairean gun gabhadh an t-Iar-Neach-gairm a' Chathair.

Faic Eàrr-ràdh A a tha an lùib seo mar nòta mìneachaidh co-aimsireil.

Thill an Neach-gairm don t-seòmar (10:50).

Dh'fhoillsich neach-lagha a' Choimisein com-pàirt ann an 31 Camas Cros, oir bha e air obair às leth aon de na pàrtaidhean roimhe.

3 AONTA AIR DREACH GEÀRR-CHUNNTAS A' BHÙIRD AIR 14 DÙBHLACHD 2016

Chaidh aonta a chur ri Geàrr-chunntas na Coinneimh air 14 Dùbhlachd 2016 le ùmhachd do na h-atharrachaidhean a leanas:

Duilleag	Nì	Paragraf	Bu chòir don teacs Atharraichte / A bharrachd a bhith
1	1	Deireannach	Dh'iarr an Coimiseanair MacIllinnein na facail a leanas mu chomhairle laghail a chur a-steach: “Nochd an Coimiseanair MacIllinnein dragh mun phròiseas san d' fhuair bho luchd-lagha air inbhe na coinneimh ann am Brùra. Bha e a' faireachdainn seach gun robh aon Choimiseanair a' dùbhlachadh seasamh a' Choimisein air dligeachas na coinneimh sin, gun robh e neo-riaghailteach don Choimiseanair cheudna sin a bhith an sàs ann an comhairleachadh air na ceistean mun robhar a' sireadh comhairle laghail. Dhaingnich an t-Àrd-Oifigear gun deach an co-dhùnadh air frèamadh nan ceistean sin a ghabhail leis fhèin còmhla ri neach-lagha a' Choimisein, an dèidh beachdachadh air na puingeann uile a chaidh a thogail le Coimiseanairean.”

Aig 10:55 chuir an Neach-gairm stad air a' choinneamh airson cùis a dheasbad leis an CEO. Dh'fhàg an CEO agus an Neach-gairm an seòmar còmhla ri neach-lagha a' Choimisein, a' tilleadh aig 11:03.

Mar thoradh air às-làthaireachd nan Coimiseanairean taghte, Pirie agus Sinclair, cha b' urrainn don Bhòrd a bhith cuòraichte nam foillsicheadh ball taghte com-pàirt agus an seòmar fhàgail (Gnàth-riaghailtean 11.4). Bha seo a' ciallachadh nach gabhadh gnothachas sam bith a choileanadh leis a' Bhòrd gus am biodh e cuòraichte a-rithist. Mar sin, chaidh aontachadh nach biodh an deasbad a ghabh àite às aonais an Neach-gairm na phàirt de Gheàrr-chunntas na coinneimh, ach gum biodh e mar eàrr-ràdh don Gheàrr-chunntas mar nòta mìneachaidh air clàradh fianais.

4 CÙISEAN AG ÈIRIGH BHON CHOINNEAMH MU DHEIREADH

Thug an Coimiseanair macIllinnein iomradh air duilleag 2 den Gheàrr-chunntas air 14 Dùbhlachd agus dh'fhaighnich e an robh Cailean Ceanadach mothachail do na puist-d

a thàinig bhon neach-lagha aige ron choinneamh Bùird san Dùbhlachd, oir bha an Geàrr-chunntas ag aithris nach robh bagairt laghail sam bith ann aig an àm sin. Dh'fhaighnich an Coimiseanair MacIllinnein am b' e aithris fìor a bha sin, nach robh bagairt laghail sam bith ann "aig an àm sin". Dhaingnich an Neach-gairm gun robh an suidheachadh mar a bha air aithris sa Gheàrr-chunntas. Dh'fhoillsich e an uair sin com-pàirt agus dh'fhàg e an seòmar aig 11:11. Cha robh a' choinneamh cuòraichte tuilleadh.

Faic Eàrr-ràdh B

Thill an Neach-gairm don t-seòmar aig 11:16 agus thug e aithris air giùlan pearsanta cuid de bhuill a' Bhùird a thuir e a bha faisg air a bhith mì-rianail. Chuir e an cuimhne Choimiseanairean, fo Nì 14 de na Gnàth Riaghailtean, gu bheil e an urra ris an Neach-gairm a' choinneamh a thoirt gu crìch.

Fhuair an Coimiseanair MacIllinnein dearbhadh bhon Àrd-Oifigear nach robh puist-d bho luchd-lagha às leth Mhgr Ceanadach air an tarraing às.

Mar fhreagairt do dh'iartras a chaidh a dhèanamh aig a' choinneamh Bùird san Dùbhlachd, mhìnich Ceannard Sheirbheisean Corporra agus Luchd-ceannach gun robh lethbhreacan de dh'artaigilean pàipear-naidheachd a nochd bho choinneamh a' Bhùird air 28 Sultain 2016, rim faotainn le Coimiseanairean. Bha iad glèidhte aig a' Mhanaidsear Chonaltraidhean.

5 ÙR-FHIOSRACHADH BHUIDHNEAN OBRACH GEÀRR-AMAIL

Cha robh coinneamhan Bhuidhnean Obrach Gheàrr-amail air a bhith ann.

6 AITHISG BHO CHOIMISEANAIREAN – TACHARTASAN PLANAICHTÈ AGUS / NO AIR AM FRITHEALADH

Bha Iar-Neach-gairm MacDhòmhnail air coinneamh Comataidh Barantas Càileachd Ghearanan a fhrithealadh agus gu bhith an làthair aig Èisteachd sa Mhàrt agus tachartas ann am Muirburn sa Mhàrt.

Fhrithheil an Coimiseanair MacIllinnein coinneamh den chomataidh Sgrùdaidh is Ionmhais agus bidh e aig cunntas nan Taghaidhean ann an Steòrnabhagh sa Mhàrt.

Fhrithheil an Coimiseanair Dennis agallamh ann an Taigh Naoimh Anndra airson an t-Àrd-Oifigear ùr a thaghadh agus a' frithealadh Èisteachd sa Mhàrt.

Fhrithheil an Coimiseanair Caimbeul coinneamh Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais, coinneamh comataidh Barantas Càileachd Ghearanan, buidheann Thar-phàrtaidh agus coinneamh Oighreachdan is Fearann na h-Alba.

Fhrithheil an Neach-gairm coinneamh comataidh Barantas Càileachd Ghearanan agus a' frithealadh Èisteachd sa Mhàrt, a bhios an Coimiseanair MacMhathain a' frithealadh cuideachd mar Neach-amharc.

7 UR-FHIOSRACHADH AIR OBAIR-CHÙISEAN

Chuir an t-Iar-Àrd-Oifigear am pàipear seo air adhart, a' mìneachadh gun deach mòran dheth obrachadh on a chaidh beachdachadh air mu dheireadh leis a' Bhòrd./ Tha an aithisg a' nochdadh gur e cùisean a thaobh Clàradh Chroitean as motha thàinig am bàrr thar nan 3 mìosan.

Rinn Coimiseanairean deasbad air molaidhean a thaobh leasachadh aithisgean agus a' chùis leantainneach a thaobh dàil le treas phàrtaidhean a tha a' toirt buaidh air staitistigean a' Choimisein. Dhaingnich an Ceannard Riaghlaidh gu bheil a' gabhail cheumannan gus prìomhachas a thoirt do chùisean a tha còrr air 24 mìosan. Mhìnich an t-Iar-Àrd-Oifigear gu bheil mòran nithean a' toirt buaidh air obair-chùisean, a' gabhail a-steach gluasadan ann an luchd-obrach ma dh'fheumar luchd-obrach ùr a thrèanadh, ach chan eil ach àireamh glè bheag de chùisean air fhàgail aig 24 mìosan, agus nach eil amannan tillidh a' fàs a dh'aindeoin meudachadh anns an àireamh de thagraidhean.

8. DLEASTANASAN ÀRAINNEACHDAIL

Thug neach-lagha a' Choimisein seachad co-theacs a' phàipeir seo, a' mìneachadh gu bheil lagh àrainneachdail a' toirt buaidh air croitearachd agus feumaidh sinn a dhèanamh cinnteach gu bheil an Coimisean a' gèilleadh don lagh. Tha mòran fearann croite buailteach do shònrachaidhean àrainneachdail agus feumaidh am Bòrd Coimiseanairean ùr beachdachadh air SEA mar phàirt de an deasbadan air Plana Poileasaidh.

Rinn an Coimisean deasbad air eadar-obrachadh le SNH a thaobh leasachaidhean air fearann croite agus an t-uallach air gach tagraiche fa leth a dhèanamh cinnteach gu bheil na ceadan uile dligheach. Dhaingnich an Ceannard Riaghlaidh gu bheil foirmean tagraidh air an ath-chumadh gus an t-uallach sin a chur air an tagraiche.

Chaidh aontachadh gum bu chòir pàipear eile a thoirt don Bhòrd ùr, le comhairle ro-làimh bho SG mu dheidhinn SEA agus am Plana Poileasaidh agus gum bu chòir do neach-lagha a' Choimisein eisimpleirean de dhiofar shuidheachaidhean a sholarachadh, mar thaic do dheasbad a' Bhùird.

9. LORG OBRAICHEAN SNA h-EILEANAN AN IAR

Chuir an t-Àrd-Oifigear am pàipear air adhart, a' mìneachadh nan roghainnean a bha rim faotainn agus a' moladh gur e deasbad sealach a bha seo ro thaghadh a' Bhùird ùir.

Mhìnich an Coimiseanair MacIllinnein gur e co-dhùnadh a' Bhùird beachdachadh air a' chùis seo agus gum bu chòir fhaicinn ann an co-theacs gluasaid am measg luchd-obrach sna bliadhnaichean mu dheireadh. Tha Steòrnabhagh air a chleachdadh mar eisimpleir ach b' e a' phuing faighneachd an robh e ceart do buannachd eaconamach a' Choimisein a bhith a' fuireach ann an Inbhir Nis, nuair a tha gnìomhachd croitearachd gu ìre mhòr ri fhaighinn ann an sgìrean iomallach, a gheibheadh buannachd da rèir nam biodh dreuchdan àrd-luachmhor air an suidheachadh an sin.

Ghabh Coimiseanairean ris gu bheil feum ann an di-mheadhanachadh far an gabh sin a dhèanamh, ach gu bheil e riatanach sin a chothromachadh leis an fheum air goireasan a chur còmhla agus luach an airgid a choileanadh.

Chaidh aontachadh gum beachdaicheadh an t-Àrd-Oifigear air a' chùis barrachd agus gun toireadh e pàipear chun a' Bhùird ùir an ceann sreath.

10. AITHISG NA COMATAIDH SGRÙDAIDH IS IONMHAIS

(a) Ùr-fhiosrachadh bhon Chathraiche.

Chuir an Coimiseanair MacIllinnein na pàipearan an aithne, a' daingneachadh gu bheil na planaichean sgrùdaidh a' ruith ann an àm. Mhìnich e gu bheil an Coimisean fhathast a' feitheamh ri aithisg an in-sgrùdaidh air Riaghladh agus Stiùireadh Cunnairt agus gu bheil an dùil ri seo a dh'aithghearr, còmhla ri Ath-sgrùdadh Riaghlaidh SG. Bidh an Aithris Riaghlaidh a' còmhachadh na bliadhna mu dheireadh cudromach mar phàirt den Aithisg Bhliadhnail agus na Cunntasan Stiùiridh.

(b) Aonta don Dreach Geàrr-chunntas

Thug am Bòrd fa-near an dreach Geàrr-chunntas.

(c) An Clàr Cunnairt

Mhìnich an Cathraiche gun robh na nithean uile ann an dath uaine air a' Chlàr Chunnairt a' sealltainn atharrachaidhean. Bha Nì 150 air a nochdadh gu bhith na sheasamh aig an sgòr cunnairt as àirde ach bha a' chomataidh air a misneachadh leis an daingneachadh air tèarainteachd bhon roinn urrasachd. Mhìnich an Cathraiche, mar thoradh air a' chùis lagha a bha an Neach-gairm a' bagairt, gun robh an t-Àrd-Oifigear air a shoilleireachadh gum biodh cosgaisean laghail sam bith ag èirigh à cùis-lagha an aghaidh a' Choimisein no Coimiseanairean, air a phàigheadh le Coimisean na Croitearachd. Thugadh taing don Àrd-Oifigear airson an t-soilleireachaidh seo agus chaidh iarraidh air a' Chathraiche seo a dhèanamh soilleir do na Coimiseanairean ùra, a thaobh tèarainteachd ionmhasail, leis gun robh an Coimisean air inbhe a chall mar bhuidheann le Dìonachd a' Chrùin.

Rinn an Coimisean deasbad air a' Chunntas 2016 agus bha iad tàmailteach gun robh mearachdan le treas phàrtaidhean air barrachd obrach adhbhrachadh don luchd-obrach agus troimh-chèile do luchd-ceannach. Chaidh a dhaingneachadh gun robh na cosgaisean co-cheangailte ris na mearachdan air an giùlain le treas phàrtaidh, ach a-mhàin cosgaisean luchd-obrach.

(d) Prìomh Chomharran Coileanaidh

Chuir an t-Iar-Àrd-Oifigear am pàipear air adhart, a' togail air nithean air an robh taga òmar a-nis agus a' nochdadh gu bheil an Coimisean a-nis a' tòiseachadh a' coileanadh cuid de na Clachan-mìle air an suidheachadh leis na comharran. Bha e mì-fhortanach gun robh aon chomharra a-nis suidhichte aig dearg (dàil air freagairt bho FOI).

(e) Aonta do bhuidseat Coimisean na Croitearachd 2017/18

Thug an t-Àrd-Oifigear seachad mion-fhiosrachadh mu bhuidseat 2017/18 agus an roinn eadar bun-mhaoineachadh agus maoinachadh fo impidh, a' mìneachadh gun robh na fìor cheistean mu dheidhinn cò ris a bhios am buidseat coltach airson 2018/19. Tha àrd-mhanaidsearan a' coinneachadh gus beachdachadh air roghainnean stèidhichte air measgachadh de shuideachaidhean.

Chuir an Coimisean aonta ris a' bhuidseat airson 2017/18.

Co-dhùnadh	Chuir an Coimisean aonta ris a' bhuidseat airson 2017/18.
-------------------	--

11 ÙR-FHIOSRACHADH COMATAIDH BARANTAS CÀILEACHD GHEARANAN

(a) Ùr-fhiosrachadh bhon Chathraiche

Thug an t-Iar Neach-gairm an Coimisean tro na nithean a chaidh a bheachdachadh le comataidh Barantas Càileachd Ghearanan, a choinnich airson an turais mu dheireadh fon Bhòrd seo san Fhaoilleach.

On choinneamh sin, bha an SPSO air an rannsachadh do chùis 14 Gleann a chrìochnachadh agus cha tug iad taic don ghearan an aghaidh a' Choimisein.

Bha an Coimisean taingeil airson nan oidhirpean a rinn an luchd-obrach ann am fuasgladh nan gearanan, a' toirt fa-near gun robh e math a bhith a' faicinn 20 ball den luchd-obrach a' tighinn air adhart o chionn ghoirid airson trèanadh fhaotainn air làimhseachadh gearanan.

A thaobh leasan a chaidh ionnsachadh, bheireadh an Coimisean fiosrachadh air ais do RPID gu bheil dàil ann am faighinn aithisgean bho na h-oifisean sgìreil a' leantainn air adhart ann an gearanan bhon luchd-ceannach againn.

Cha d' fhuair gearanan airson sgrùdadh sam bith aig Ìre 2 sa cheathramh seo.

Bha an Neach-gairm airson a thaing a chlàradh do Choimiseanair MacDhòmhnail agus Coimiseanair Caimbeul airson an cuid obrach air a' chomataidh agus a' gabhail ris na leasachaidhean a chaidh a dhèanamh san raon gnothachais seo thar nam beagan bhliadhnaichean a dh'fhalbh.

(b) Aonta don dhreach Geàrr-chunntas bho 25 Faoilleach 2017

Thug am Bòrd fa-near an dreach Geàrr-chunntas.

12 PLANA CORPORRA

Chuir an t-Iar-Àrd-Oifigear am plana ath-sgrùdaichte air adhart, a' mìneachadh an ama bhon ais-fhiosrachadh mu dheireadh bho Luchd-ùidhe. Feumaidh am Plana a dhol gun Mhinistear le in-gabhail air cuid de chòmharan àrd-ìreil ri aontachadh. Cuirear a-steach e còmhla ris a' Phlana Gnothachais. Chaidh seo aontachadh.

13 PLANA GNOTHACHAIS

Bha seo ri chur air a' bhòrd aig a' choinneamh ach thathar ag obair air fhathast agus thèid beachdachadh air còmhla ris a' Phlana Chorporra ath-sgrùdaichte. Cuirear air adhart e airson deasbad aig coinneamh a' Bhùird sa Mhàrt.

14 CEANN-LATHA NA h-ATH CHOINNEIMH

29 Màrt 2017 – Taigh a' Ghlinne Mhòir

Mhìnich an t-Àrd-Oifigear gum bi cruth na coinneimh Bùird mu dheireadh diofraichte a thaobh 's gum bi na taghaidhean airson a' Bhùird ùir a' tachairt air 17 Màrt. Mar sin, gheibh buill ùr cuireadh a thighinn còmhla ris na buill Bùird làithreach air an latha. Bidh beagan gnothachais ga choileanadh a dh'fhaodas iad amharc, air a leantainn le deasbadan neo-fhoirmeil.

15 GNETHAICH IOMCHADH EILE

- **Croitean measaichte**

Bha an Coimiseanair Nic na Ceàrdaich air an nì seo iarraidh air ais airson barrachd deasbaid. Ach, bha buill eile den Bhòrd agus oifigearan den bheachd gun deach dèiligeadh leis san t-Sultain. Mar sin, dhèanadh an t-Àrd-Oifigear soilleireachadh air na puingean a bha an Coimiseanair Nic na Ceàrdaich airson a thogail.

- **Mòr-Thursan Croitearachd**

Chaidh seo iarraidh le Coimiseanair Nic na Ceàrdaich cuideachd. Chaidh ùr-fhiosrachadh fhaotainn bho gach sgìre san robh Mòr-thuras air tachairt agus bha am Manaidsear Chonaltraidhean air aithisg Luachaidh a chur ri chèile, a chuireadh i air adhart gu Coimiseanairean. Bhruidhneadh i ris an oifigear a bha còmhla ri Coimiseanair Nic na Ceàrdaich aig a' Mhòr-thuras ann an Sealtainn gus fhaicinn an robh an Luachadh a' còmhdach nan cùisean a thog an Coimiseanair.

- **Cunntas Ionaltraidhean**

Tha an Cunntas Ionaltraidhean deiseil airson an crìochnachadh leis na comataidhean. Dhaingnich an Coimisean gum bu chòir seo a dhol beò ro dheireadh a' Mhàirt.

Co-dhùnadh	Dh'aontaich am Bòrd gum bu chòir fios a chur gu comataidhean ionaltraidh gu bheil an Cunntas Ionaltraidhean a-nis deiseil airson a chrìochnachadh.
-------------------	---

Stad a' choinneamh Bùird airson lòn agus thug an Coimiseanair Scott seachad leisgeulan airson a' chòrr den choinneamh.

16 TOIRMEASG MHEADHANAN 'S AM POBALL

Chuir an t-Àrd-Oifigear an aire don Choimisean foillseachadh air Ath-sgrùdadh Riaghlaidh a' Choimisein aig Riaghaltas na h-Alba, a bhiodh air a dhèanamh poblach air 10 Gearran.

Thug an Neach-gairm a' choinneamh gu crìch, a' guidhe gach soirbheachadh don Bhòrd ùr rè an ama aca, agus taing do gach neach airson an oidhirpean uile thar nan còig bliadhna a dh'fhalbh.

Nòta Mineachaidh Co-aimsireil – Eàrr-ràdh A (faic Ni 3)

Dhaingnich an t-Àrd-Oifigear nach robh na puist-d air an tugadh iomradh air an tarraing air ais ach thàinig e gu co-dhùnadh nach robh iad a' togail bagairt sònraichte an aghaidh Choimiseanairean. Dhaingnich e gun robh e air sgrìobhadh a dh'iarraidh na puist-d a tharraing às. Bha dragh a' Choimiseanair Caimbeul cuimsichte air comas a bhith aige gu pàirt a ghabhail sa choinneamh ann an dòigh chothromach, fhosgailte agus cheart nan robh Mgr Ceanadach a' gabhail pàirt cuideachd agus nach robh e air a neach-lagha a stiùireadh gu bagairt air gnìomh laghail a tharraing às.

B' e comhairle an Oifigeir Inbhean gum faodadh an Coimiseanair beachdachadh air a shuidheachadh nuair a ruigeadh a' choinneamh ni 16(b) air a' Chlàr-gnothaich, ma bha deasbad sam bith air an ni.

Bha an Coimiseanair MacIllinnein cuideachd airson dragh a chlàradh a thaobh nam puist-d a fhuair e bhon neach-lagha Mhgr Ceanadaich air 7 agus 13 Dùbhlachd, mar fhìrinn. Dhaingnich an t-Àrd-Oifigear nach deach a thoirt gu aire Choimiseanairean gu 16 Dùbhlachd, gun d' fhuair e na puist-d. Bha an Coimiseanair MacIllinnein a' faireachdainn gum faodadh strì a bhith ann nam biodh an Neach-gairm an làthair aig ni 10 air a' Chlàr-gnothaich, a thuilleadh air ni 16 (b).

Dhaingnich an t-Àrd-Oifigear gun robh na puist-d co-cheangailte ris a' choinneamh Bùird air 28 Sultain.

Thug Mgr Jackson seachad daingneachadh a thaobh na tèarainteachd a bhiodh a' còmhdach buill a' Bhùird nam biodh cùis lagha ann san t-suidheachadh sin. Shaoil Coimiseanairean gur e cùisean toinnte a tha sin ach dh'aontaich iad gun robh dleastanas orra cumail a' dol agus pàirt a ghabhail sa choinneamh.

Nòta Mineachaidh Co-aimsireil – Eàrr-ràdh B

Às aonais an Neach-gairm a bha air com-pàirt fhoillseachadh agus air an seòmar fhàgail, rinn Coimiseanairean deasbad air duilleag 2 de Gheàrr-chunntas an Dùbhlachd 2016 agus draghan a thaobh an robh no nach robh bagairt laghail an aghaidh a' Bhùird.